

# AIRGEAD ÈIBHINN

le Alison Prince

Mandy's

CLOSING  
DO  
SALET



B' àbhaist bùth-aodaich a bhith shìos an t-sràid againn air an robh *Mandy's*. 'S ann innte a cheannaich mi mo sgiorta dhearg agus piullag no dhà a dheigheadh leatha. Ach an ceann greis chan fhaiceadh tu càil às ùr aca. An uair sin bha saor-reic aca, a bha a' dol airson ùine nan creach. An ath ruid, dhùin i. Thuirt Dad gun tainig a' chùis gu brag dhaibh; bha iad *banc-bhriste*.

Banc-bhriste? Dè fon ghrèin a bha sin a' ciallachadh? *Brag, banc, agus briste.*

“S ann a tha sin coltach ri rud a' spreadhadh,” arsa mise.

“Sin caran mar a tha,” arsa Dad. “Tha e a' ciallachadh nach eil sgillinn agad. Chan urrainn dhut cunntasan a phàigheadh agus tha thu gud amhaich ann am fiachan. Bidh sin a' tachairt dha gu leòr.”

Abair uabhas. “Is cinnteach nach tachradh sin dhuinne?”

Rinn Dad lachan. “S e nach tachair!” ars esan. “S e a th' annainn ach daoine fortanach. *Touchwood!*” Thug e gnogag bheag dha fhèin mun cheann, mar gum b' e fiodh a bh' ann. Bidh Dad ri fealla-dhà ghòrach mar sin.

\*\*\*

Bha sin bho chionn còrr is bliadhna. Thòisich an uair sin cùisean ag atharrachadh. Cha bhiodh Dad ri fealla-dhà mar a b' àbhaist. Bhiodh e cho greannach, agus iomagaineach. Cha b' àbhaist dha bhith mar sin. Agus cha robh Mam ann an sunnd mhath sam bith a bharrachd. Chuir mi na cuimhne nach robh mi air m' airgead-pòcaid fhaighinn agus bha i fhèin rudeigin greannach. “An ainm an àigh, Shannon!” ars ise, agus bha a guth cho geur. Agus thòisich i fhèin agus Dad a’ trod, rud eile nach b’ àbhaist dhaibh. Thuirt esan gun robh i a’ ceannach cus aodaich, agus thuirt ise an uair sin, “Dè mu dheidhinn na stuthan spòrs agad fhèin?” Bha rudeigin aice an sin. Bha an rùm aoigheachd againn loma-làn. Le rudan mar bòrd-surfaidh, rothareacarsaich, camain-goilf, sgithichean, uidheamiasgaich. Gun ghuth air being obrach agus rudan mar locraichean agus sàibh-dhealain, oir bha Dad dèidheil air DIY. Ach cha robh sgeul agamsa cho buileach dona agus a bha cùisean gu deireadh teirm samhraidh na sgoile.

Bha mi air a bhith a’ ruith nam inntinn air càit am biodh sinn a’ dol airson ar saor-làithean. B’ àbhaist dhuinn a dhol dhan Spàinn ach bha mo bhana-charaid Sasha air a bhith ag innse dhomh mu eilean Greugach san robh iadsan air a bhith. Sheall i na dealbhan dhomh, agus ’s iad a bha bòidheach. Thog mi rudeigin mu eileanan Greugach ri Mam is Dad turas no dhà, ach cha chanadh iad càil ach rudan mar, “Chì sinn,” no “Coma leat an-dràsta.”

Ach bha mi airson faighinn a-mach. Nuair a bha Mam ag iarnaigeadh, ghabh mi an cothrom faighneachd dè na planaichean a bh' ann.

Thàinig seòrsa de ghruaim air a h-aodann agus thionndaidh i air falbh bhuam 's i dol a chrochadh na lèine a bha i air iarnaigeadh. Is lugha oirre iarnaigeadh. Thuirt i an uair sin, dìreach mar gum b' ann ris an lèine a bha i a' bruidhinn is nach b' ann riumsa, "Tha mi smaoineachadh gun tèid sinn greis còmhla ri Gran."

Cha robh mi a' tuigsinn seo. "Tha sinn a' faicinn Gran tric gu leòr," arsa mise. "Agus chan ann thall thairis a tha Obar Bhrothaig. Chan eil e ach suas an cladach bho Dhùn Dè, uair a thìde sa chàr a-mach à Glaschu."

Thog Mam lèine eile agus thuirt i, "Tha tràigh ann."

"Tha, ach chan eil e teth, agus chan eil a leithid a rud ann ri cafaidh air a' chabhsair," arsa mise. "Agus gheibh thu fàileadh adag smocte ann."

"Is toigh leatsa adag smocte," arsa Mam.

"Tha e air a thighinn nam aghaidh!" Cha robh sin buileach fior; ach cha robh mi air mo dhòigh.

Chuir Mam an t-iarann na sheasamh còmhnhard agus rinn i osann. An uair sin thuirt i, "Ach 's e an rud, Shannon, gu bheil trioblaid mhòr againn le airgead."

Ann an tiotadh, chaidh an saoghal bun os cionn dhomh. Bha fios agam a-nis Carson a bha i fhèin agus Dad air a dhol cho càranach. Cha robh airgead againn.

Cha robh fios agam dè chanainn. Cha robh mi riagh am beachd gun robh sinn beartach ach bha sporan aig Mam le timcheall air fichead cairt phlastaig ann. Agus ma tha cairtean agad, tha airgead agad, nach eil? Sin mar a bha gu seo co-dhiù. A h-uile Disathairne, bhithinn fhìn agus i fhèin a' dol dha na bùithean. Cha robh cur-seachad ann a b' fheàrr leinn. “Ceannaichidh sinn gus am fannaich sinn!” chanadh sinn le gàire. Dè a-rèist a chaidh ceàrr?

Shaoileadh tu gun robh Mam a' leughadh mo smuaintean. “Tha cairtean creideis cho furasta an cleachdad. Ach mura pàigh thu na chosg thu ro cheann mìos, bidh riadh mòr agad ri phàigheadh. Bidh tu a' dol nas mothà ann am fiachan fad na tide. Canaidh iad an uair sin gum feum thu sin a phàigheadh dhaibh anns a' bhad.”

“Agus a bheil sin air tachairt dhuinne?”

“Uill, tha,” arsa Mam. “Agus mar sin dheth, chan urrainn dhuinn falbh air saor-làithean am-bliadhna. Ach, creid, a luaidh, gun dèan mi sin an-àirde dhut fhathast.”

Thàinig fiamh beag gàire air a h-aodann; agus rinn mise mo dhìcheall gus coimhead toilichte. Ach dè chanainn ri Sasha agus càch? Bha h-uile duine

ac' a' dol a dh'àiteachan mar A' Ghrèig, An Fhraing agus Canada. Nuair a chluinneadh iad mu Obar Bhrothaig, bheireadh iad sùil thruasail orm is chanadh iad rudan mar, "O, Shannon bhochd!" 'S dòcha nach biodh iad ag iarraidh a bhith nan caraidean agam. Bha an teaghlach agamsa air a dhol briste, dìreach mar a chaidh bùth *Mandy's* banc-bhriste. Bha sinn air fàilligeadh.

Ruith mi mach às an rùm agus suas an staidhre. Mus do ràinig mi am mullach, bha na deòir a' sruthadh agus dòigh air choreigin thug doras mo rùm-cadail brag às mo dhèidh. Bhiodh Mam a' smaoineachadh gun tug mi brag air a dh'aon bhàgh, rud nach robh mi idir an dùil a dhèanamh. Rinn sin cùisean buileach na bu mhiosa.

\*\*\*

An ceann seachdain, bha mi ann an Obar Bhrothaig còmhla ri Gran. Tha i a' fuireach ann am flat air an lår as àirde de sheann taigh a tha a' coimhead a-mach os cionn na mara. Dh'fhuirich Mam agus Dad airson an deireadh-sheachdain agus thill iad an uair sin a Ghlaschu. "Tha sinne a' dol trang aig an obair an-dràsta," arsa Dad.

Tha e a' ruith companaidh a bhios a' fastadh thagsaidhean a-mach. Thòisich e le aon chàr a bhiodh e fhèin a' draibheadh ach tha 23 aca ann anis. 'S ann san oifis a bhios esan, a' gabhail òrduighean agus gan cur troimhe gu Mrs Khan. Bidh ise a' cur fiosan rèidio gu na càraichean. Bha

mise riamh dhen làn bheachd gun robh e a' dèanamh airgead math.

Tha Mam ag obair aig companaidh a bhios a' reic thaighean. Bidh i a' sealltainn thaighean do dhaoine a dh'fhaodadh a bhith ag iarraidh an ceannach. Rinn ise an aon lethsgeul. "Àm trang a tha san t-samhradh dhuinne." Cheannaich i càr ùr an-uiridh oir bha i ag ràdh gum biodh an luchd-ceannach a' sùileachadh suidhe ann an càr snog. Feumaidh gun robh e gu math daor.

Cha tuirt i fhèin agus Dad guth mu thrioblaidean le airgead fhad 's a bha iad aig taigh Gran; co-dhiù fhad 's a bha mise san èisteachd. Ach madainn na Sàbaid, chuir Gran mi airson pàipear bhon bhùth bhig air a' chòrnair agus tomàtothan a bhiodh againn leis a' bhiadh aig meadhan-latha. Nuair a thill mi, bha boireannach a tha a' fuireach shìos an staidhre a' tighinn a-mach air an doras a-muigh agus mar sin cha tainig orm an srannan a bheireadh gliong ann am flat Gran a bhruthadh. Dhìrich mi an staidhre agus nuair a ràinig mi an doras againne, chluinninn guth Dad. Dh'aithnich mi gun robh e greannach.

"Chan eil roghainn againn," bha e ag ràdh. "Chan urrainn dhuinn cumail oirnn mar seo. Mam, chan eil thu beò san t-saoghal sa bheil an còrr againn ann. Chan eil thu a' tuigsinn dè tha e a' cosg ..."

Cha robh mi airson an còrr dhen siud a dhol tro mo chluasan; mar sin, bhrùth mi an clag. Bha a h-

uile duine a' coimhead cho dòigheil 's a ghabhadh nuair a nochd mi agus ghabh Dad am pàipear agus chaidh e a-steach dhan rùm leis. Sheat Mam am bòrd agus rinn mi fhìn agus Gran sliseagan de na tomàtothan airson sailead a bhiodh againn còmhla ris – nach tomhaiseadh sibh? – an adag smocte.

\*\*\*

Feasgar na Sàbaid, thug Mam beagan airgid dhomh. Cha robh mise ag iarraidh a ghabhail, ach dhùin i mo dhòrn timcheall air roile beag notaichean agus thuirt i, “Siuthad. Sin an rud as lughas urrainn mi dhèanamh dhut.”

Bha Dad a-muigh, a' cur stuth dhan chàr.

“Mam,” thuirt mi, “cha leig sibh leas. Tha mi air a bhith a' sàbhaladh mo chuid airgead-pòcaid. Tha mi ceart gu leòr.” Bha faisg air seachd notaichean agam.

“Tha mi cho duilich mu na saor-làithean agad,” arsa Mam. “Ach co-dhiù faodaidh tu rudeigin snog a cheannach dhut fhèin leis an seo. Agus na biodh dragh ort – chan eil ann ach airgead èibhinn!” Sin a bhiodh aice air an airgead a bhiodh sinn a' cosg sna bùithtean. Airgead èibhinn. Airgead airson toileachas a thoirt dhuinn.

Nuair a dh'fhalbh i fhèin agus Dad, chunnt mi an t-airgead. Bha i air £50 a thoirt dhomh.

\*\*\*

Latha no dhà an dèidh sin ghabh mi fhìn agus Gran am bus a-steach a Dhùn Dè agus sinn a' dol do na bùithtean. Ach chan eil Gran coltach ri Mam idir. Cha bhi i a' ceannach tòrr rudan idir. Cha robh i a' togail càil agus ga chumail an-àirde rithe fhèin a dh'fhaicinn an robh e a' tighinn dhi. Bidh Gran dìreach a' coimhead mun cuairt na bùtha mar a choimheadas duine ri sealladh brèagha sam bith.

“A bheil càil idir ann a tha sibh ag iarraidh?”  
dh'fhaighnich mi dhi.

“Chan eil mi faicinn gu bheil, a luaidh,” arsa Gran.

“Ach dh'fhaodadh gu lorgadh sibh rudeigin mìorbhaileach,” thuirt mi rithe. “Rudeigin nach robh fhios agaibh a bha sibh ag iarraidh.”

Rinn i gàire beag rium. “Tha cuimhn’ agam a bhith a’ faireachdainn mar sin ceart gu leòr. Bhithinn cho mòr air mo dhòigh, a’ dol dhachaigh le rud ùr.” An uair sin ’s e a thuirt i, “Ach chan eil rudan a’ fuireach ùr airson fad sam bith, a bheil? An ceann dhà no trì làithean, tha iad dìreach nam pàirt dhen h-uile rud eile a th’ agad. Feumaidh tu an uair sin falbh dha na bùithtean a-rithist.”

“Chan e gum feum sibh,” arsa mise. “Ach gun *còrd* e ribh. Tha *spòrs* ann!”

“Spòrs a dh'fhaodas a dhol na chleachdad,” arsa Gran, “agus bidh tu smaoineachadh gu bheil rudeigin a’ dol seachad ort mura bi thu a’ ceannach.”

“Ach nach fhaod *gu bheil* rudeigin a’ dol seachad oirbh,” arsa mise. “Dh’fhaodadh an dearbh rud a tha a dhìth oirbh a bhith ann an sin, a’ fuireach gus an lorg sibh e.”

“Tha thu cho ceart,” arsa Gran. “Faodaidh an dearbh rud a tha dhìth ort a bhith a-muigh an sin am badeigin. Ach chan ann an còmhnaidh *sna bùithtean* a gheibh thu e!”

Bha mi dol a dh’fhaighneachd dhi dè bha i a’ ciallachadh ach thuirt i, “Dè mu dheidhinn cupan teatha?” agus chaidh sinn agus lorg sinn cafaidh. Ghabh mi *smoothie* le mango agus banana. Bha mise airson pàigheadh ach thuirt Gran gur e preusant beag bhuaipe fhèin a bh’ ann.

“Am faod sinn a dhol agus beagan ceannach eile a dhèanamh?” dh’fhaighnich mi. Bha eagal orm gum faodadh Gran a bhith a’ fàs sgìth dheth.

Ach ’s e thuirt i, “Faodaidh *gu dearbh*.”

Thòisich mi a’ tionndadh tiogaidean nam prìsean gus am faicinn dè bha rudan a’ cosg. Bha a’ chuid mhòr dhen aodach gu math daor. Nuair a bhithinn fhìn agus Mam a’ dol dha na bùithtean, cha bhiodh càil a dh’frios agam dè bha sinn a’ cosg. Mar a chanadh i-fhèin, bha e cho furasta.

Stad mi a choimhead ri dreasa ghoirid a dh’fhaodadh tu a chur ort le briogais, no dìreach leatha fhèin. Bha grìogagan pinc timcheall na h-amhaich aice agus bha i àlainn, ach bha i £65. Ged a chuirinn an t-airgead a bha mi air a shàbhaladh



còmhla ris an £50 a thug Mam dhomh, cha bhiodh gu leòr agam.

Thill mi bhon turas ud dha na bùithtean gun càil ùr ach peann le it uaine air a' cheann aige agus cairt-puist le dealbh de bhàtaichean ann an Dùn Dè bho chionn fhada a chuirinn gu Mam. Agus thàinig sin a-mach às m' airgead-pòcaid fhìn.

Chunnaic mi bruadar neònach an oidhche sin. Bha mi fhìn agus Mam agus Dad a' fuireach ann an craoibh, ann an seòrsa de bhasgaid. 'S dòcha gur e a bh' ann nead, ach cha robh e coltach ris an sin. Bha pìosan den bhasgaid a' tuiteam às a chèile, agus bha tuill is beàrnan a' tighinn innte. Bha grèim teann agamsa air Mam agus eagal orm gun robh sinn a' dol a thuiteam a-mach às a' bhascaid.

\*\*\*

Nuair a bha sinn aig ar bracaist, thuirt mi, “Gran, an robh sibhse a-riamh gun sgillinn agaibh?”

Dh'fhairich mi seòrsa de dheàrrsadh a' tighinn nam aodann oir 's ann mu Mham is Dad a bha seo ann an dòigh agus is dòcha nach biodh iad airson gum bruidhninn mun deidhinn. Ach cha do chuir an rud dragh sam bith air Gran. 'S ann a rinn i gàire beag.

“Ò, 's mise a bha!” ars ise. “Cha robh mise a-riamh math air airgead a chosnad. Dh'fhuirich mi aig an taigh còmhla rim chloinn nuair a bha iad beag. Chaidh mi an uair sin a theagasg pàirt-ùine – ach

cha chanadh tu dreuchd ris an sin idir. Bhiodh Seanair a' sgrìobhadh ceòl. Bidh daoine fhathast ga chluiche cuideachd, ach cha robh esan a-riamh beartach ri linn.”

“Ciamar a rinn sibh a' chùis?” dh’fhaighnich mi. “Feumaidh gun robh cùisean gu math duilich dhuibh.”

“Cha robh,” arsa Gran. “Aig amannan, cha robh e furasta, ach cha robh e uabhasach idir. Seach gun robh Seanair cho measail air ceòl, bha a h-uile latha inntinneach dha. Agus seach gun robh mise aig an taigh leis a' chloinn, bha dòighean gu leòr ann a b' urrainn dhomh gearradh sìos air na bha sinn a' cosg de dh’airgead.”

“Dè an seòrsa rudan?”

“Bhithinn a' cur tòrr de na bha sinn ag ithe. Bu toigh leam a-riamh a bhith ag obair sa ghàrradh. Agus cha bhithinn uair sam bith a' ceannach biadh deasaichte no biadh reòite; sin am biadh as daoire a th' ann. Ma tha ùine agad airson còcaireachd, faodaidh tu brot is stiù is pasta ullachadh gun chus cosgais idir. Co-dhiù,” arsa Gran, “càit an tèid sinn an-diugh? An còrdadh an tràigh riut?”

“Math gu leòr,” thuirt mise, ged nach robh cus agam mu dheidhinn. Cha robh e furasta dhomh dealbh a dhèanamh de Ghran a' dèanamh chaistealan-gainmhich no a' cluiche Frisbee.

“S aithne dhut falbh air baic, nach aithne?” ars ise.



“S aithne, ach tha e aig an taigh.”

“Tha am fear agamsa san t-seada shìos an staidhre,” arsa Gran, “agus fastaidhidh sinn fear dhutsa. Chan eil e cho daor ri sin. Gheibh sinn an uair sin air beagan siubhail a dhèanamh.”

Ged nach eil i òg, tha i a’ mìorbhaileach fallain. Thog sinn oirnn suas taobh a’ chladaich air na baidhsagalan. Thionndaidh sinn bhon rathad mhòr agus thàinig sinn gu àite far an robh taighean gu h-àrd air creig. Bha measgachadh de ghainmhich agus de mhol air a’ chladach.

“Tha an t-àite seo math,” arsa Gran. “Tha uamhan beaga sa chreig agus gheibh sinn fasgadh annta ma thig an t-uisge. Tugainn a choimhead airson lòin air feadh nan creagan.”

An latha ud, dh’atharraich a h-uile dad air an t-saoghal dhòmhsa.

Bha na lòin domhain agus nan cromadh tu sìos a choimhead annta, bha saoghal eile mud choinneimh. Air taobhan nan creagan bha lusan-mara beaga dorch-dhearg a’ fàs. Bha iad a’ cur spògan a bha coltach ri fraoidhneas a-mach, a’ feuchainn ri rudeigin a ghlacadh leotha. Nan suathadh tu annta le pìos feamainn, phaisgeadh iad ri chèile ann an tiotan. Chunnaic mi aon a’ glacadh carran-creige beag, an seòrsa carran-creige tro faiceadh tu. Bha e garbh ann an dòigh a bhith a’ faicinn carran-creige ga shlugadh suas mar siud; ach bha e math dhan lus-mhara. Air grunnd nan lòn,

bha crùbagan beaga a' dol aig astar, is iad a' gluasad tuathal, chan ann idir còmhnaid romhpa. Bha partain-tuathal ann cuideachd, is iad a' fuireach ann am broinn faochagan beaga.

“Bheil fhios agad dè?” arsa Gran, “Dh’fhaodadh sinn tanca-mhara a dhèanamh aig an taigh nan togradh tu. Saoghal beag mara.”

Sin mar a chaidh sinn air ais lärna-mhàireach le soithichean plastaig agus lòn. Tha basgaid aig Gran air beulaibh a baic, agus basgaid air gach cliathaich dheth. Mar sin ’s urrainn dhi tòrr a thoirt leatha. Nuair a bhruidhinn i air tanca-mhara, bha dùil agamsa gur e tanc’-èisg cheart a bha i a’ ciallachadh, le piob a bhiodh a’ cur bhuilgeanan de dh’ èadhar suas, agus uidheamachad eile mar sin. Dè thug i dhomh ach seann phoit mhòr sam biodh i uaireigin a’ dèanamh silidh! Rinn sinn dìcheall gu seilcheagan beaga mara fhaighinn a chumadh cùisean glan agus feamainn a bha freumhaichte air clachan. Fhuair sinn leac cloiche air an robh lusan-mara a’ fàs agus ghlac mise carran-creige agus partain agus iasg beag no dhà.

“Feumaidh sinn an t-uisge aca ùrachadh gu math tric,” arsa Gran. Mar sin bha turas againn chun na tràghad a h-uile latha. Bhiodh sinn a’ tilleadh le botail phlastaig làn sál. Uaireannan bhiodh creutairean às ùr againn gus an cur ris an t-saoghal-mhara againn, Bhiodh sinn a’ dol do na h-uamhan cuideachd. Bha faoileagan a’ neadachadh air pallaichean àrda ann an cuid aca. Agus lorg sinn



àite far an robh biast-dhubh a' fuireach. Bha sgudal gu leòr aice ga fhàgail far am biodh i ag ithe; bha cnàmhan èisg air feadh an àite. Bha mi a' miannachadh a faicinn; ach cha do nochd i idir.

An latha mus robh mi a' falbh dhachaigh, thug sinn a h-uile creutair a bha san tanca-mhara agam air ais chun a' chladaich ann an soithichean plastaig le uisge annta. Chuir sinn air ais iad gu cùramach san lòn ri na creagan.

Am feasgar sin thuirt mi ri Gran, "B' fheàrr leamsa gum faodainn a bhith aig a' chladach an-còmhnaidh. Feumaidh gu bheil gu leòr de rudan eile rin lorg ann fhathast."

"Mmm," arsa Gran gu socair. "Nuair a dh'fhàsas tu mòr, dh'fhaodadh tu bhith nad eòlaiche-mara. Sin cuideigin a bhios a' sgrùdadadh na mara agus na creutairean a tha a' fuireach innte. Dh'ionnsaicheadh tu daibheadh chun a' ghrunnnd cuideachd. Bhiodh sin inntinneach dha-rìribh."

"Oooo! An dùil am b' urrainn dhomh?"

"Carson nach b' urrainn? Seo an t-àm airson tòiseachadh. Feuch gun obraich thu gu cruidh san sgoil, feuch gun dèan thu bith-eòlas, theorig dhan oilthigh, agus sin agad e. Bidh tu an uair sin a' cosnadh do bheòshlaint an cois na mara."

Abair beachd annasach. Cha tainig e a-steach orm gun robh gnothach aig an sgoil ris na bruadaran iongantach a bhiodh agam. 'S ann a bhithinn a' coimhead air adhart ri bhith a-mach às an sgoil agus

a' cur smùid à airgead. Ach bha a h-uile càil cho eadar-dhealaichte a-nis. Bha mi a' geur-choimhead Gran agus smuaintean a' cur nan car nam cheann. Cuid dhiubh gu math annasach cuideachd.

“Nach biodh sin gu math duilich?” arsa mise rithe.  
“S dòcha nach eil mise math gu leòr san sgoil.”

“Tha fios gu bheil,” arsa Gran, “ma dh’obraicheas tu cruaidh. Agus chan eil càil air an t-saoghal as fheàrr na obair a tha a’ còrdadh riut.”

\*\*\*

Goirid an dèidh dhomh a dhol dhachaigh, thàinig tè le ceas-gnothaich chun an taighe agus bha i a’ còmhradh ùine mhòr ri Mam agus Dad. Bha mise sa chidsin, a’ leughadh leabhar mu chreutairean-cladaich a fhuair mi san leabharlann, gus nach cluinninn dè bha dol. Ach nuair a dh’fhalbh i, thuirt Mam gun robh cùisean a’ coimhead na b’ fheàrr.

Dh’fhaighnich mi, “Dè mu dheidhinn luchd nan cairtean-creideis?”

“Tha sinn air rian a chur air an sin,” arsa Mam.  
“Pàighidh sinn na h-uiread dhaibh a h-uile mìos.  
Tha sinn a’ dol a chur rian air a h-uile càil.”

Bha Dad a’ coimhead saorsainneil. “Co-dhiù, ’s urrainn dhuinn an taigh a chumail,” ars esan.

Chuir sin gaoir tromham. Cha tàinig e a-steach orm gum faodadh sinn a bhith gun dachaigh.

An ath latha, sgioblaich sinn an t-uidheam-spòrs agus na rèilichean aodaich a-mach dhan għaraids

agus bha an rùm aoigheachd againn falamh.  
“Cuiridh sinn air dòigh e agus faodaidh sinn  
fhastadh ri oileanach,” arsa Mam.

A h-uile Disathairne, bha sinn a’ reic stuth a-mach à deireadh a’ chàir. Ach chùm Dad a’ bheing-obrach agus a’ chuid mhòr de na h-innealan. Thuirte gu bheil e nas saoire rudan a-staigh an taighe a chàradh agus a sgeadachadh thu fhèin. Bha e dìreach air fàs cleachdte ri cuideigin eile a phàigheadh airson sin seach gun robh e na bu lugha dragh.

Tha càr Mam againn fhathast; ach chaidh fear Dad a reic. Chan eil an taigh againn fada bho far a bheil oifis an tagsaidh aige agus bidh e a-nis a’ dol ann air a’ bhaic. Chuir e a làmh air a mhionach agus thuirte e, “Caillidh mi cuideam cuideachd. B’fheàrrde mi sin.” Reic sinn baidhsagalan an eacarsaich. Thuirte Dad nach robh ann ach amaideas a bhith a’ leigeil ort gun robh thu a’ falbh air baic nuair a dh’fhaodadh tu fear ceart a chleachdad airson a dhol a dh’obair.

Chuir mise sanas san uinneig ann am Bùth nam Peataichean ag ràdh gun toirinn coin cuairt. Bidh mi nis a’ dol a-mach le dà Labrador a h-uile latha an dèidh na sgoile agus le poodle madainn Disathairne. Tha mi a’ cur an airgid mu seach airson tanca-èisg a cheannach.

Thug mi na £50 air ais do Mham. Cha robh i airson a ghabhail ach dhùin mi a corragan timcheall air na notaichean mar a rinn i fhèin nuair a thug i



dhomh e agus thuirt mi, “Siuthadaibh. Chan eil feum agamsa air.”

Thug i sùil orm mar gum biodh i a' dol a thòiseachadh a' rà nail, ach thuirt mi, “Mam, na dèanamh e dragh sam bith dhuibh. Chan eil ann ach airgead èibhinn.”

Chan eil mise cinnteach gu bheil airgead *èibhinn* aig àm sam bith, ach thug siud gàire air Mam.

Bha an saoghal dòigheil a-nis!